



# Ar Lèirse 's ar Luachan



## Bidh Colaiste a' Bhatail Nuaidh:



ag atharrachadh bheathannan agus a' leigeil chothroman mu sgaoil



na h-àite mìorbhaileach do luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach agus luchd-tadhail



a' soirbheachadh mar shamhla de sho-sheasmhachd agus luachmhorachd

## Ar Luachan



### In-ghabhaltach

Tha sinn a' brosnachadh 's a' cur fàilte air iomadachd agus nì sinn ar dicheall gus co-ionannachd cothrom a sheasamh.



### Cùramach

Ann a bhith a' toirt taic dhar n-oileanaich 's ar luchd-tadhail agus ag obair le ar co-obraichean 's ar compàirtichean, bidh sinn an-còmhnaidh gar giùlan fhìn le co-fhaireachdainn, ionracas agus urram.



### Fad-lèirsinneach

Ann an saoghal a tha a' sìor atharrachadh, tha sinn a' sealltainn dhan àm ri teachd, a' cur fàilte air smaoineasan ùra agus dòighean-obrach ùra, agus tha sinn mothachail dar dleasdanas mu choinneamh dìon na h-àrainneachd.



### A' cur an comas

Tha sinn a' cur ar n-oileanaich an comas tro bhith a' fuasgladh chothroman dhaibh, agus ar luchd-teagaisg tro bhith a' brosnachadh an neo-eisimeileachd agus am misneachd ann a bhith a' ruigheachd chodhunaidhean dhaibh fhèin.



### Co-obrachail

Tha sinn ag obair mar sgioba gus ar n-amasan a choileanadh, agus ag obair le ar caidreabhaich ro-innleachdail gus ar lèirse a thoirt gu bith.